

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

MG ALBA A' MOLADH TÀLANT ÙR AIG CIAD CHUIRM DHUAISEAN AIRSON FHILMICHEAN GÀIDHLIG

09 An Gearran 2009

Mhol MG ALBA an-diugh (Diluain 9 Gearran) na bh' ann de thàlant ùr a' tighinn am bàrr ri linn na chunnacas ann am FilmG, a' cho-fharpais fhilmichean goirid Gàidhlig air-loidhne, a chaidh a chur air chois gus spionnadh a thoirt dhaibhsan a dh'fhaodadh obair ann am BBC ALBA.

Bha a' cho-fharpais air leth soirbheachail, a' tàladh còrr is 50 inntrigeadh sàr-mhath agus a' taisbeanadh na h-uiread de mhacmeanma is cruthachaileachd ann an gnìomhachas nam meadhanan Gàidhlig. Ghabh cuirm nan duaisean àite aig Cùirt an Aodainn (Eden Court), Inbhir Nis (Dihaoine 6 Gearran).

Thuirt Alasdair Moireasdan, Cathraiche MG ALBA: "Sa chiad cho-fharpais FilmG b' ann a bha sinn a' cuimseachadh air tàlant cruthachail a chur am follais do BhBC ALBA. 'S urrainn dhomh a ràdh gun d' fhuair mi a leithid de thlachd às an fhèill mhòir a bh' air an iomairt agus às an àireamh de dh'fhilmichean goirid ùra sa Ghàidhlig a tha a-nis rim faicinn air-loidhne.

"Mo mheal-an-naidheachd orrasan a bhuannaich agus taing mhòr do dh'fharpaisich gu lèir às gach gnè. Chòrd a h-uile film rinn agus tha coltas brosnachail dà-rìribh air làithean ri thighinn nam meadhanan Gàidhlig mar thoradh na misneachd is a' chomais a chaidh fhoillseachadh air feadh FilmG, às an dùthaich-sa agus à thall thairis".

B' iad buannaichean nam prìomh dhuaisean:

- Proifeiseantaich – Ùisdean Moireach às Uibhist a Tuath airson 'Siubhlachan'
- o Innsidh 'Siubhlachan' sgeul tiamhaidh mu nighean òg, a shiubhlas chun an ama a dh'fhalbh airson tadhal air a seanar a bhàsaich.
- Inntrigidhean Ùra – Seonaid NicDhòmhnail à Leòdhas airson 'Oidhche Shathairne'
- o 'Oidhche Shathairne' sgeul mu dhuine òg aig a bheil sgeòl-rùin a tha e airson foillseachadh
- Daoine Òga – Sgoilearan bho Àrd-sgoil Bhagh a' Chaisteil airson 'An Dùsgadh'
- o Tha 'An Dùsgadh' a-mach air càirdeas eadar balach is nighean, tubaist càir, agus toinneamh marbhtach....dè thachras aig an deireadh?
- Roghainn an t-Sluaigh – Muriel Anna NicLeòid à Steòrnabhagh airson 'Sìol'

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



o 'S e an cuspair 'sorcha is dorcha' a bhios 'Siol' a' cur an cèill, is e a' leantainn dìomhaireachd muirt dhorcha stèidhte ann an Lochlann.

A bharrachd air sin, thèid an dà fhilm às fheàrr sa ghnè 'inntrigidhean ùra' a chur air adhart gu Duaisean Tàlant Ùr na h-Alba BAFTA 2009; 'Oidhche Shathairne' le Seonaid NicDhòmhnaill agus 'Cha b' e Ruith ach Leum' le Rachel Sandilands agus Gary Dewar.

A' bruidhinn aig cuirm nan duaisean, chaidh a ràdh le Ministear Cultair Linda Fabiani: "'S e sàr iomairt a th' ann am FilmG le MG ALBA a tha a' sònrachadh an tàlant is a' mhacmeanma a th' againn an Alba. Tha co-fharpaisean dhe leithid a' toirt cothrom do dh'òigridh teannadh air obair ann an gnìomhachas an sgàilein. 'S ann an seo a lorgar na sgilean agus a nìthear subhachas ris an fheadhainn tàlanta a tha an sàs ann am film is telebhisean Gàidhlig. Gu sònraichte leis mar a tha BBC ALBA a-nis air a stèidheachadh, tha na cothroman ann don ath ghinealach-sa de chraoladairean is luchd-dèanamh fhilmichean a bhios ag iarraidh feum a dhèanamh dhiubh.

A' cur cuideam air na h-oidhirpean MG ALBA gus tàlant a' leasachadh chaidh fhoillseachadhaig a' chuir gum bi MG ALBA a' tabhann àite bursaraidh air cùrsa MA ùr ann an TBh is Sgrìobhadh Uirsgeòil a thèid a chur air bhog le Oilthigh Caledonian Ghlaschu agus le Shed Media, riochdairean phrògraman leithid 'Waterloo Road' is 'Bad Girls'.

Bidh an cùrsa, aonan de dhà a tha rim faotainn san dùthaich, a' tàladh is a' foghlam nan sgrìobhadairean as tàlanta à Breatainn agus à thall thairis is gu sgiobalta a' deisealachadh sgrìobhadairean toileach airson TBh.

Airson na h-inntrigidhean fhaicinn ann am FilmG tadhlaibh air www.filmg.co.uk.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



MG ALBA PRAISES EMERGING CREATIVE TALENT AT INAUGURAL GAELIC SCREEN AWARD CEREMONY

09 February 2009

MG ALBA, the Gaelic Media Service today (Monday 9 February) praised emerging creative talent in Scotland, following FilmG, their Gaelic online digital shorts competition, which was aimed at unearthing creative talent for BBC ALBA.

The competition was a resounding success, attracting over 50 high quality entries and uncovering enormous creative talent in the Gaelic media industry. The award ceremony was held at Eden Court Theatre, Inverness (Friday 6 February).

Alasdair Morrison, Chairman of MG ALBA, said: "In this inaugural FilmG competition our aim was to uncover creative talent for BBC ALBA. I can say that I have been absolutely delighted at the level of interest in the project and the number of new Gaelic short films now available to view online.

"Congratulations to all winners and a big thanks to all entrants in each of the categories. We have thoroughly enjoyed all the shorts in each category and the future for Gaelic media looks very exciting indeed given the enthusiasm and flair shown throughout FilmG from both home and abroad."

Winners of the top awards were as follows:

- Professional category - Uisdean Murray from North Uist for 'Siubhlachan'
 - o 'Siubhlachan' tells the poignant tale about a young girl, who travels back in time to visit her recently deceased Grandfather.
- New Entrants category - Seonaid NicDhomhnaill from Lewis for 'Oidhche Shaithairne'
 - o 'Oidhche Shaithairne' tells the story of a young man who unburdens himself of his past.
- Young People category - Pupils from Castlebay High School for 'An Dùsgadh'
 - o 'An Dùsgadh' tells the story of a friendship between a boy and a girl, a car crash and a fatal twist.....what happens in the end!
- People's Choice Award - Muriel Ann MacLeod from Storonoway for 'Siol'
 - o 'Siol' theme is 'dark and light' follows a dark murder mystery set in Scandanavia

In addition, the two best film entries in the 'new entrant' category will be entered into the BAFTA Scotland New Talent Awards 2009; 'Oidhche Shaithairne' by Seonaid Nic Dhomhnaill and 'Cha bidh Ruith' ach Leum' by Rachel Sandilands and Gary Dewar.

Speaking at the awards ceremony, Culture Minister Linda Fabiani said: "The MG ALBA FilmG is a great initiative that highlights the talent and creativity we have in

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Scotland. Competitions like these are giving young people the chance to take that first step towards a career in the screen industries. It is where new talent is discovered and the creative talents of those working in Gaelic film and television are celebrated. And with the advent of BBC ALBA in particular, opportunities for this next generation of broadcasters and film-makers are there to be grasped.”

Highlighting MG ALBA’s commitment to new talent development, it was announced at the ceremony that MG ALBA will be providing a bursary placement on a new MA in TV and Fiction Writing course being launched by Glasgow Caledonian University and Shed Media, producers of programmes including Waterloo Road and Bad Girls.

The course, only one of two available in the country, will draw on some of the top creative writing talent from the UK and abroad and will fast track and develop industry ready writers for TV.

To view all finalist entries in FilmG visit www.filmg.co.uk.